



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

Sreath de chairtean-ghnìomhan mar bhunait ri leasanan no rin cleachdadh mar lìonadh mac-meanmnach airson clann a chrìochnaicheas an obair aca tràth.



Goireasan-litearachd

# Cairt-ghnìomhan

## Gnìomh 1

Sgrìobh litir fhoirmeil mar chuireadh don Bhall agad tighinn dhan sgoil agad

## Gnìomh 2

Cruthaich tòimhseachan-fhaclan stèidhichte air briathrachas na Pàrlamaid. Dh'fhaodadh e bhith na lorg-fhaclan, na thòimhseachan-tarsainn, mar anagraman no na thòimhseachan-fhaclan eile.

## Gnìomh 3

Air Balla a' Chanongate, tha iomraidhean agus abairtean air an snaigheadh anns na clachan gus Alba a riochdachadh. Dè an abairt bho litreachas na h-Alba no le Albannach a chuireadh tu fhèin ann? Rannsaich do roghainn agus an uair sin sgrìobh paragraf gus do roghainn a mhìneachadh do dhaoine eile.

## Gnìomh 4

Faigh duilleag A4 agus tarraing builgean-cainnte (speech bubbles) mòr a lìonas an duilleag agus cleachd e gus òraid dhrùidhteach a sgrìobhadh air cuspair. Rannsaich agus an uair sin sgrìobh òraid a bhrosnaicheas daoine gus aontachadh riut. Cleachd fiosrachadh, àireamhan agus briathrachas drùidhteach gus do chuideachadh.

## Gnìomh 5

Seall air clàradh-lìn Ceistean a' Phrìomh Mhinistear [www.scottish.parliament.uk/FMQs](http://www.scottish.parliament.uk/FMQs) Sgrìobh alt do phàipeir naidheachd a-nis mar aithisg air na thachair aig Ceistean don Phrìomh Mhinistear.